

## NA DEICH AITHEANTA.

### ECSODUS XX.

**L**abhair Dia na briathra so uile, ag radh, Is mis' an Tighearna do Dhia, a thug amach thu a tir na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

**I.** Na biadh dèe sam bith eile agad a'm' làthair sa.

**II.** Na dean dhuit sèin dealbh snaidhite, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta sna nèamhaibh shuas, no air an talamh shiòs, no sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na erom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhisi doibh : oir mis' an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithreacha air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathrannh ginealaich dhiubhsan a dh-fhuathaicheas mi, agus a' nochdadadh tròcair do mhiltibh dhiubhsan a ghràdhhaicheas mi, agus a choimhideas m'aithéanta.

**III.** Na tabhair ainnm an Tighearna do Dhe an diomhanas : oir chuimeas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir ainnm an diomhanas.

**IV.** Cuimhnich là na sàbaid a naomhachadh. Sèa laithean saothraichidh tu, agus in thu t'obair uile. Ach air an t-seachdadh là tha sàbaid an Tighearna do Dhè ; air an là sin na dean obair sam bith, thu fein, no do mach, no do nighean, d'òglach, no do bhan-oglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a ta 'n taobh a stigh do d' gheataibh ; oir ann an sèa laithibh rinn an Tighearna na nòamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta anna ; agus ghabh e fois air an t-seachdadh là ; air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na sàbaid, agus naomhaich se e.

**V.** Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhàthair, a chum as gu'm bi do làithean buan air an flearann a tha'n Tighearna do Dhia a'toirt dhuit.

**VI.** Na dean mortadh.

**VII.** No dean adhaltrannas.

**VIII.** Na dean gaduigheachd.

**IX.** Na tabhair fianais bhrèige 'n aghaidh do choimhairsnaich.

**X.** Na sanntaich tigh do choimhairsnaich ; na sanntaich bean do choimhairsnaich, no òglach, no bhan-oglach, no dhama, no asal, no aon ni a's le do choimhairsnaich.